

Sgrùdadh 2018/19 air Bòrd na Gàidhlig

Riaghladh agus follaiseachd



Air ullachadh airson Comataidh Sgrùdaidh Phoblaich agus an Dèidh Reachdais le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Air a dhèanamh fo Earrann 22 de dh'Achd Ionmhais is Cunntalachd Phoblaich (Alba) 2000.

Dùbhlachd 2019

Is e a tha ann an Sgrùdadh Alba buidheann reachdail a chaidh a stèidheachadh anns a' Ghiblean 2000 fo Achd Ionmhais is Cunntalachd Phoblaich (Alba) 2000. Bidh sinn a' cuideachadh ri Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Coimisean nan Cunntasan gus sùil a chumail gum bi buidhnean a chosgairgead poblach ga chleachdadh mar as còir, gu seaghach agus gu h-èifeachdach.

Clàr

Ro-ràdh	4
Riaghladh agus follaiseachd	4
Co-dhùnadh	6

Ro-ràdh

1. Is e a tha ann am Bòrd na Gàidhlig (Am Bòrd) buidheann-gnìomha phoblach neo-roinneil a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Is e am Bòrd a' phrìomh-bhuidheann phoblach ris a bheil e an urra leasachadh na Gàidhlig a chur air adhart agus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig. Tha am Bòrd stèidhichte ann an Inbhir Nis agus e a' fastadh mu 19 neach-obrach. Tha e ga mhaoineachadh le tabhartas-mar-chobhair bho Riaghaltas na h-Alba agus ann an 2018/19 b' e an caiteachas lom a bha aige £5.3 millean.
2. Tha an aithisg seo stèidhichte air sgrùdadh 2018/19 air a' Bhòrd agus i a' tarraing aire na Pàrlamaid air cùisean ceangailte ri riaghladh agus follaiseachd. Tha an sgrùdaire air beachd gun chumha a nochdadh air aithisg is cunntasan bliadhnail 2018/19 aig a' Bhòrd.

Riaghladh agus follaiseachd


3. Is e buidheann-gnìomha phoblach neo-roinneil a tha sa Bhòrd agus e air urrasachadh leis a' Bhuidhinn-stiùiridh Ionnsachaidh ann an roinn an Fhoghlaim, nan Coimhearsnachdan agus a' Cheartais aig Riaghaltas na h-Alba. Aig deireadh 2018/19, bha am Bòrd air a dhèanamh suas le Cathraiche (eadar-amail) agus naoinear bhall air an cur an dreuchd le Ministearan na h-Alba.¹ An urra ri bòrd a' Bhùird tha raianachd fharsaing, stiùireadh ro-innleachdail agus dèanadas na buidhne. Ann an 2018/19, fhuair am bòrd taic bho Chomataidh Dhaoine, Comataidh Ionnsachaidh, Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig, agus Comataidh Rianachd Sgrùdaidh is Ghàbhaidhean. Tha sgioba-cheannais a' Bhùird ga stiùireadh le Ceannard agus e air a dhèanamh suas le Stiùiriche Foghlaim Ghàidhlig (eadar-amail), Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd agus Ceannard Sheirbheisean Corporra.²
[Taisbeanadh 1.](#)

¹ Eadar an Giblean agus an Dùbhlachd 2018, bha am bòrd air a dhèanamh suas le cathraiche agus deichnear bhall.

² Air an sgioba-cheannais cuideachd bha Manaidsear Conaltraidh is Thachartasan gus an Dùbhlachd 2018. Chaidh an dreuchd seo a sgaoileadh a-mach bhon Ghearran 2019.

Taisbeanadh 1

Cruth ceannas Bòrd na Gàidhlig 2018/19



Tùs: Sgrùdadh Alba

4. Ri linn sgrùdadh 2018/19 air a' Bhòrd, nochd an sgrùdaire iomadh dragh ceangailte ri riaghladh is follaiseachd. Bhuin iad seo ri raon farsaing chùisean, ceannas gun bhuaidh, dealbhadh luchd-obrach gun a bhith math gu leòr, cion soilleireachaidh mu dhreuchdan is mu dhleastanasan agus càirdeasan is cleachdaidhean eagrachail nach robh ach suarach nam measg. Am measg nan ceist a shònraich an sgrùdaire tha:
- Dragh mu dheidhinn riochd, comas, eòlas agus buaidh an sgioba-cheannais. Dh'fhàg càirdeas suarach eadar buill den sgioba-cheannais cion co-thàthaidh ann an dèanamh cho-dhùnaidhean ro-innleachdail. Bha an luchd-sgrùdaidh den bheachd gun do chruthaich na ceistean seo faireachdainn de chion misneachd agus de dh'amharas air feadh na buidhne.
 - Cha robh plana eagrachail an gnìomh airson an luchd-obrach agus cha deach mòran a bheachdachadh mu dhealbhachd co-arbais. Tha dùbhlain air a' Bhòrd mu fhadhb gus dreuchdan bàna a lìonadh, gu sònraichte seach gu bheil am poileasaidh ann gun fheum Gàidhlig a bhith aig an luchd-chosnadh gu lèir.
 - Cha robh Ceannard Ionmhais aig a' Bhòrd fad mu 15 mìosan, eadar am Faoilleach 2018 agus am Màrt 2019. Anns an t-Sultain 2018, chaidh aonta a dhèanamh le buidheann den aon dòigh gus stiùireadh ionmhasail a thoirt seachad, ach thàinig seo gu crìch a' mhìos an dèidh sin mar thoradh air ceistean mu chomas leis an t-solaraiche. Chaidh solaraiche air an taobh a-muigh a chur an dreuchd eadar am Faoilleach 2019 agus am Màrt 2019 gus cunntasan bliadhna 2018/19 ullachadh.
 - Dh'fhàg dàil ann an sireadh thairgsean airson seirbheis ùr sgrùdaidh air an taobh a-staigh le buidheann a-muigh nach robh obair-sgrùdaidh air an taobh a-staigh ann eadar an

Giblean is an Cèitean 2019. Chaidh an sgrùdaire air an taobh a-staigh a bha ann roimhe sin a chur an dreuchd mar Cheannard an Ionmhais air bunait phàirt-ùineach bhon Ghiblean 2019.

- Bha cion fosgailteachd is follaiseachd ann an dèanamh cho-dhùnaidhean am broinn na buidhne. Tha na coinneamhan uile aig a' bhòrd agus aig na comataidhean gan cumail ann an dìomhaireachd. Faodaidh e grunn mhìosan a ghabhail mus bi cothrom air clàran-obrach is geàrr-sheanchasan coinneamhan a' bhùird air làrach-lìn a' Bhùird. Aig àm an sgrùdaidh (an Cèitean 2019), is ann bhon Ògmhios 2018 a bha an clàr-obrach is an geàrr-sheanchas mu dheireadh a chaidh fhoillseachadh.
 - Cha robh fianais mhòr ann gun tug am bòrd sgrùdadh is dùbhlann èifeachdach air co-dhùnaidhean no gun do chuir iad luchd-sgrùdaidh aig an ìre as àirde gu cunntas mun dèanadas aca. Cha deach molaidhean à sgrùdaidhean no ath-bhreithneachaidhean a bha ann roimhe a thoirt gu buil an-còmhnaidh. Bha cion beachdachaidh ann cuideachd an robh maoineachadh leanmhainneach thabhartasan do bhuidhnean a' cuideachadh ri amasan a' Bhùird agus a' toirt luach an airgid gu buil ga rèir sin.
 - Bha cion soilleireachaidh ann a thaobh dreuchdan is dleastanasan a chèile aig an luchd-stiùiridh aig an ìre as àirde, aig na comataidhean, aig sgioba-urrais Riaghaltas na h-Alba agus aig a' bhòrd, le buill den bhòrd a' dol an sàs tuilleadh is a' chòir ann an cùisean obrachail. Chaidh sgrùdadh air èifeachdalachd Comataidh Rianachd Sgrùdaidh is Ghàbhaidhean a dhèanamh anns a' Ghearran 2019 le plana-gnìomha air aontachadh san t-Samhain 2019. Chan eilear air ath-bhreithneachadh den aon seòrsa a dhèanamh air a' bhòrd no air gin de na comataidhean eile. Cha d'rinn an Cathraiche a bha ann roimhe measaidhean bliadhnail air dèanadas buill a' bhùird mar a dh'fheumar a rèir an stiùiridh mun chleachdadh as fheàrr. Anns a' Chèitean 2018, chaidh ath-bhreithneachadh air Còd-giùlan nam ball a mholadh leis a' Bhòrd, ach cha do thachair seo.
5. Shònraich an sgrùdadh àireamh nach beag de chùisean ceangailte ri riaghladh is follaiseachd far an fheumar gnìomh gun dàil leis a' bhòrd, le luchd-stiùiridh agus leis an luchd-urrais. Anns an luchar 2019, dh'aontaich am Bòrd plana-feabhais stèidhichte air na ceistean is molaidhean a shònraich an sgrùdaire. Tha iad seo a' bualadh air riaghladh is follaiseachd, rianachd air ionmhas, seasmachd ionmhasail agus luach an airgid. Thathar air Buidheann-stiùiridh Plana-feabhais a stèidheachadh gus sùil a chumail air toirt a' phlana gu buil agus aithisg a thoirt mu adhartas don bhòrd agus do Chomataidh Rianachd Sgrùdaidh is Ghàbhaidhean.

Co-dhùnadh

6. Feumaidh a h-uile buidheann phoblach, chan eil e gu diofar dè cho mòr no beag agus a tha iad, riaghladh soilleir is èifeachdach a nochdadh agus co-dhùnaidhean bunaiteach a dhèanamh ann an dòigh a tha fosgailte is follaiseach. Bidh fosgailteachd is follaiseachd a' cur ri misneachd is earbsa ann am buidheann agus san fheadhainn a tha ga stiùireadh. Feumaidh sgioba-ceannais agus bòrd a' Bhùird leasachaidhean sònraichte a lìbhrigeadh agus a nochdadh anns na ceistean a thog an sgrùdaire. Bidh feum air seo gus earbsa is misneachadh a thoirt do luchd-obrach is luchd-ùidhe, a' Phàrlamaid agus am poball nam

measg. Tha mi air iarraidh air an sgrùdaire sùil a chumail air adhartas a' Bhùird agus aithisg a thoirt, a rèir mar a tha iomchaidh, an dèidh sgrùdadh 2019/20.